

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark
(Èisteachd)

Grand Total

X229/11/01

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2015

DIMAIRT, 26 AN CÈITEAN
9.30 AM – 10.00 AM

GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 2
Roinn A: Èisteachd
(Ceistean)

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2015

TUESDAY, 26 MAY
9.30 AM – 10.00 AM

GÀIDHLIG
INTERMEDIATE 2
Section A: Listening

Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Tha 30 comharraidhean anns a' phàipear seo.

Tha mionaid agaibh aig an toiseach airson na ceistean a leughadh.

Èist gu cùramach ris na h-earrannan a chluinneas tu air CD no a thèid a leughadh dhut.

Tha dà phàirt anns an deuchainn.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh aig àm sam bith.

Leugh na ceistean airson **Pàirt 1**.

Cluinnidh tu **Pàirt 1** dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Leugh na ceistean airson **Pàirt 2**.

Cluinnidh tu **Pàirt 2** dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan.

Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



CEISTEAN

Pàirt 1

1. Dè an t-àm de bhliadhna na sgoile a tha ann?

_____ 1

2. Dè an cuspair mu bheil ceannard na sgoile a' dol a bhruidhinn?

_____ 2

3. Carson a tha e doirbh obair àbhaisteach a dhèanamh aig an àm seo den bhliadhna?

_____ 2

4. (a) Dè an tachartas a tha gu bhith ann?

_____ 1

(b) Dè na cothroman a bhios aig na sgoilearan?

_____ 2

5. Dè tha air a ràdh mu na roghainnean a bhios aig na sgoilearan?

_____ 2

6. Dè an cothrom a tha a' Bhean-Uasal NicAlasdair a' tairgsinn Diluain?

_____ 1

Comharraidhean

7. (a) Dè gheibh na sgoilearan aig deireadh na coinneimh?

2

(b) Dè nì iad leis an rud seo?

2

(15)

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

Pàirt 2

1. Ciamar a chaidh do Phòl air a' bhàt-iasgaich?

3

2. (a) Carson nach robh Pòl ri sreap-chreagan Dimàirt?

2

(b) Dè na rinn e Dimàirt an àite sreap-chreagan?

1

3. (a) Inns mun rud a bha a' bhuidheann a' dèanamh aig an loch Diciadain.

2

(b) Dè thachair an dèidh dhaibh a bhith deiseil?

1

4. Dè na rinn aon bhuidheann a dh'fhuirich aig an sgoil?

1

5. Dè chì an luchd-èisteachd ma thèid iad dhan tràigh?

3

Comharraidhean

6. Dè am beachd a tha aig Pòl air an t-seachdain mu dheireadh den sgoil?

2

(15)

[30]

[CRÌOCH ROINN A-ÈISTEACHD]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

[DUILLEAG BHÀN]

MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 30
Section B (i)	Leughadh / 30
B (ii)	Sgrìobhadh / 30
Grand Total	90

X229/11/11

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2015

DIMAIRT, 26 AN CÈITEAN
9.30 AM – 10.00 AM

GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 2
Roinn A: Èisteachd (Earrann)

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2015

TUESDAY, 26 MAY
9.30 AM – 10.00 AM

GÀIDHLIG
INTERMEDIATE 2
Section A: Listening Transcript

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



EARRANN

Tha ceannard Àrd-sgoil a' Bhàigh Mhòir a' bruidhinn ris na sgoilearan as sine ann an talla na sgoile.

Pàirt 1

Madainn mhath agus fàilte chun na coinneimh-sgoile seo. Mar a tha fios agaibh, tha saor-làithean an t-samhraidh gus a bhith ann. An-diugh tha mi airson bruidhinn ribh mu na tha gu bhith a' gabhail àite Diluain, Dimàirt agus Diciadain an ath-sheachdain.

An toiseach, chan e làithean àbhaisteach a bhios annta. Tha fios agam gu bheil e doirbh dhuibh a bhith a' cumail oirbh le obair na sgoile aig an àm seo oir tha sibh air a bhith a' dèanamh nan deuchainnean agaibh agus tha an t-sìde a-nise air fàs cho brèagha. Mar sin, tha sinn air làithean chur-seachadan a chur air dòigh anns am faigh sibh uile cothroman a bhith a' feuchainn rudan nach bi sinn a' dèanamh tron chòrr den bhliadhna-sgoile.

A-nis, beagan fiosrachaidh mu na diofar roghainnean a bhios agaibh. Tha sinn air feuchainn ri diofar sheòrsaichean de chur-seachadan a thairgsinn a h-uile latha gus am bi rudeigin ann a chòrdas ris gach duine. Airson blasad a thoirt dhuibh air na cothroman a bhios agaibh, innsidh mi beagan dhuibh mu Dhiluain. Tha Maighstir Caimbeul an dùil buidheann a thoirt a dh'iasgach air a' bhàt-iasgaich aige. Bidh a' Bhean-Uasal NicAlasdair a' toirt buidheann eile a shreap air a' bheinn. Bidh cothrom agaibh cuideachd ealain a dhèanamh a-muigh còmhla ri Maighstir Rothach. Bidh cothroman mar seo ann gach latha. Ma bhios droch shìde ann, nì sinn cinnteach gum bi cur-seachadan eile rin dèanamh anns an sgoil fhèin.

Nis, aig deireadh na coinneimh, gheibh sibh bileag-fiosrachaidh air am faic sibh na diofar chur-seachadan a ghabhas àite gach latha. Feumaidh sibh taghadh a dhèanamh agus a' bhileag a thilleadh gu oifis na sgoile.

After the second reading of Pàirt 1, wait for 5 minutes, and then read Pàirt 2.

Ghabh Pòl MacAonghais, sgoilear à Àrd-sgoil a' Bhàigh Mhòir, pàirt anns na làithean chur-seachadan. Chaidh iarraidh air bruidhinn mu na làithean seo air Rèidio a' Bhàigh Mhòir.

Pàirt 2

Neach-naidheachd: Feasgar math, a Phòil agus mòran taing airson a thighinn a-steach a bhruidhinn rinn an-diugh. A-nis, ghabh thu pàirt anns na làithean chur-seachadan a chuir an sgoil air dòigh an t-seachdain a chaidh. Inns dhuinn an toiseach beagan mu na cur-seachadan anns an robh thu fhèin an sàs.

Pòl MacAonghais: Diluain, chaidh mi a dh'iasgach còmhla ri Maighstir Caimbeul. Cha deach mi riamh a-mach air bàt-iasgaich ron sin agus an toiseach bha cur na mara orm. Dh'fhàs mi na b' fheàrr nuair a thòisich sinn air iasg a ghlacadh ge-tà. Dimàirt, bha còir agam a bhith ri sreap-chreagan ach bha droch shìde ann 's b' fheudar dhuinn fuireach anns an sgoil. Gu fortanach, bha an luchd-teagaisg air cur-seachadan eile a chur air dòigh dhuinn. Fhuair mise cothrom a bhith ag ionnsachadh sgilean togail dhealbhan. Cha robh fhios agam chun a sin air mar a làimhsicheadh tu camara gu ceart. Diciadain, bha aimsir àlainn ann. Thug a' Bhean-Uasal NicIain sinn chun an locha 's bha againn ri bàtaichean a thogail a' cleachdadh bharraillean 's ròpan. Nuair a bha sinn deiseil, bha rèis againn gu taobh thall an locha. Abair spòrs ach bha fada a bharrachd snàmh na seòladh ann!

Neach-naidheachd: Tha e follaiseach gun do chòrd na làithean riut gu mòr. Dè na cothroman eile a bha ann 's ciamar a chòrd iad sin ris na sgoilearan eile?

Pòl MacAonghais: 'S e gnothach air leth soirbheachail a bha ann gun teagamh sam bith. Thagh mise cur-seachadan a-muigh ach bha cothroman ann a fhreagradh air a h-uile duine. Thagh cuid a bhith a-staigh 's a bhith ri còcaireachd Eadailteach 's bha cothrom againn uile beagan den bhiadh a rinn iad fheuchainn aig deireadh an latha. Bha latha air leth aig an fheadhainn a bha air an tràigh. Bu chòir dhan luchd-èisteachd a dhol a dh'fhaicinn na h-ealain inntinneach a thog a' bhuidheann aig Maighstir Rothach an sin.

Neach-naidheachd: Mu dheireadh, a bheil thu airson gun tachair a leithid an ath-bhliadhna?

Pòl MacAonghais: Tha gu dearbh! Mar as trice, 's e làithean dòrainneach a tha anns an t-seachdain mu dheireadh ro shaor-làithean an t-samhraidh ach b' e seo an ùine a b' fheàrr a chòrd rium on a thòisich mi san àrd-sgoil.

Neach-naidheachd: Uill, abair gun robh e inntinneach a bhith a' còmhradh riut. Mòran taing.

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[DUILLEAG BHÀN]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark
(Leughadh)

--

X229/11/02

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2015

DIMAIRT, 26 AN CÈITEAN
10.20 AM – 12.00 NOON

**GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 2**
Roinn B (i): Leughadh
Roinn B (ii): Sgrìobhadh

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2015

TUESDAY, 26 MAY
10.20 AM – 12.00 NOON

**GÀIDHLIG
INTERMEDIATE 2**
Section B (i): Reading
Section B (ii): Writing

Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

Tha 60 comharradh anns a' phàipear seo.

Earrann B(i) Leughadh

Leugh an earrann Ghàidhlig gu faiceallach, agus an uair sin freagair na ceistean, a' tòiseachadh le Ceist 1.

Nuair a shaoileas tu gur aithne dhut freagairt ceiste, sgrìobh am freagairt **ann an Gàidhlig** anns a' bheàrn. (Chan eil e air a shùileachadh gun lìon thu am beàrn air fad.)

Earrann B(ii) Sgrìobhadh

Sgrìobh do fhreagairt anns an leabhran a thèid a thoirt dhut.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



EARRANN

A' Fàgail Burkina Faso

'S e Bera an t-ainm a tha orm-sa. Rugadh agus thogadh mi ann am Burkina Faso, dùthaich ann an Afraga. Tha fhios gun cuala tu mun dùthaich as brèagha air an t-saoghal, nam bheachd-sa. Ach saoil nach can sinn uile sin mun dùthaich againn fhèin? Chanainn ge-tà gun robh lathaichean m' òige ann am Burkina Faso gu math toilichte ged a bha sinn bochd. 'S ann mar sin a tha cuimhne agam air co-dhiù. Ach bha an teaghlach làidir agus bha a h-uile duine math dha chèile. Eadar tuiltean aon bhliadhna agus tiormachd bliadhna eile, bha gnothaichean doirbh. A dh'aindeoin sin bha sinn a' gabhail ris an t-suidheachadh anns an robh sinn.

Bidh mi tric a' faighneachd dhomh fhèin dè thug orm fàgail ma bha mi cho toilichte. 'S e an fhìrinn nach eil mi buileach cinnteach, ach bha dùil agam gum faighinn obair mhath agus gun cuirinn airgead air ais chun an teaghlach. 'S dòcha gu bheil e doirbh a chreidsinn, ach bha fios againn ann am Burkina Faso dè an dòigh-beatha a bha aca ann an Ameireaga agus san Roinn Eòrpa. Sin a chunnaic mise anns na filmichean co-dhiù. Seadh, bha filmichean againn, ged nach robh iad uabhasach soilleir. Chitheadh tu na dealbhan math gu leòr ged nach cluinneadh tu a h-uile facal. Bha gu leòr ann ge-tà airson sealltainn dhuinn gun robh na h-àitean sin adhartach agus gun robh na daoine a bha a' fuireach annta beairteach. Bha na rathaidean còmhnard, bha am biadh a' taomadh far nan truinnsearan agus bha ùine gu leòr aig daoine airson chur-seachadan.

Thug na filmichean sin buaidh orm agus, nuair a bha mi ochd bliadhna deug, ghabh mi a' chiad cheum gus an dùthaich fhàgail. Chuir mi cùl ris an dachaigh. Thog mi orm don bhaile mhòr agus fhuair mi obair ann am factaraidh far an robh ceudan ag obair. Ged a bha an obair cruaidh agus am pàigheadh bochd, bha sinn uile airson airgead gu leòr a chruinneachadh airson an dùthaich againn fhèin fhàgail. Thug sinn bliadhna mus do choisinn sinn airgead gu leòr airson àite ann an cùl làraidh a bheireadh gu Mali sinn far am biomaid na b' fhaise air an Roinn Eòrpa.

Às an sin fhuair sinn àite air làraidh eile gu Algeria. Ged a phàigh sinn airson an turais, cha robh càil a chinnt gun ruigeadh an làraidh an ceann-uidhe gu sàbhailte oir bha na làraidhean cho sean. Nuair a smaoinicheas mi air an teas agus sinn nar seasamh anns an làraidh, chan eil fhios 'm ciamar a bha sinn beò. Ach nan suidheadh tu, bhiodh tu air do stampadh fo na casan gun fhiosta do dhuine. Bha uiread de dhaoine ann 's gun robh sinn mar sgadain ann am baraille. Fhuair mise gu Algeria. Dh'fheumainn a-nis tòiseachadh às ùr airson àite fhaighinn air bàta a bheireadh dhan Spàinn mi agus gu beatha ùr.

CEISTEAN

1. Dè an ceangal a bha aig Bera ri Burkina Faso?

1

2. Dè tha daoine buailteach a ràdh mun dùthaich aca fhèin?

1

3. Dè an seòrsa beatha a bha aig Bera ann am Burkina Faso?

2

4. Ainmich **DÀ** nì a tha air innse dhuinn mu theaghlach Bera.

2

5. Ciamar a bhiodh an t-side a' dèanamh chùisean doirbh?

2

6. Carson a bha Bera airson fàgail?

2

[Tionndaidh an duilleag

7. Ciamar nach robh na filmichean soilleir?

2

8. (a) Dè am beachd a bha na filmichean a' toirt do Bera?

2

(b) Ainmich na **TRÌ** nithean sònraichte a shaoil Bera a bha na b'fheàrr.

3

9. Dè rinn Bera nuair a dh'fhàg i an dachaigh?

2

10. Dè bha an luchd-obrach gu lèir airson a dhèanamh?

2

11. Dè an t-uallach a bha air daoine mun turas san làraidh?

2

12. Dè thachradh nan suidheadh duine san làraidh?

2

13. Dè tha thu a' tuigsinn leis na facail *mar sgadain ann am baraille?*

2

14. Dè bha aig an ùghdar ri dhèanamh nuair a ràinig iad Algeria?

3

(30)

[CRÌOCH ROINN B(i)–LEUGHADH]

Roinn B(ii): Sgrìobhadh

Ùine: 60 mionaid (moladh)

Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.

- | | |
|---|------|
| 1. A' fàgail. | (30) |
| 2. An latha a chaidh a h-uile càil ceàrr. | (30) |
| 3. Cuideigin a tha cudromach dhomh. | (30) |
| 4. Chan eil gu leòr phrògraman do dheugairean air an telebhisean. | (30) |
| 5. Tachartas sònraichte. | (30) |
| 6. Mise 's an t-eadar-lìon. | (30) |
| 7. An taibhse. | (30) |
| 8. An leabhar-latha. | (30) |

[CRÌOCH ROINN B(ii)– SGRÌOBHADH]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

ACKNOWLEDGEMENTS

Roinn B(i): Leughadh – Text is adapted from “*A’ Fàgail Burkina Faso*” by Gilbert MacMillan, from Saorsa. Reproduced by kind permission of Gilbert MacMillan.